

## MA18: Latha na Bainnse

The Wedding Day

Presenter: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)



ÌRE: **Meadhanach-Àrd**  
CUSPAIR: **Latha na Bainnse**  
PUINGEAN CÀNAIN: **Gnìomhairean fulangach foirmeil le "-ar":  
An Tràth Teachdail**

LEVEL: **Intermediate-Advanced**  
TOPIC: **The Wedding Day**  
LANGUAGE POINTS: **Formal Passive Verbs: Future Tense**

### GILLEASBUIG:

Bha latha mòr aig an teaghlach agam as t-samhradh. B' ann an uair sin a bha Anna, mo cho-ogha, a' dol a phòsadh. Bha an t-seirbheis gus a bhith air a cumail ann an Eaglais Chliamhain, ann na Ròghadhail, na Hearadh. Àrainneachd bainnse shnasail, romansach.

Mar a thuigear, bha cùram air Anna gum biodh a h-uile sìon dìreach ceart air an latha. Chunnaic a h-athair seo 's thuir e, "Na bi fo uallach sam bith, a thasgaidh. "Cha mharbhar idir thu mura bi a h-uile sìon coileanta. "Tha gràdh againn uile ort agus bidh an latha dìreach sgoinneil."

Aig trì uairean feasgar - nuair a bu chòir dhìse nochdadh san eaglais -bha Daibhidh, am fear a bha i a' dol a phòsadh, cuideachd fo uallach. "Nach fhàgar mise a' coimhead caran gòrach," arsa esan, "ma bhios mi a' feitheamh an seo agus nach nochd i? "Fhreachair am fleasgach-bainnse, "Ist! Chan fhàgar thu aon phiuc nas gòraiche a' coimhead na 's àbhaist!" Abair fear-taice!

Ach bha a h-uile sìon dòigheil san eaglais, agus bha a' ghrian a' sgoltadh nan creag às dèidh na seirbheis - aig àm togail nan dealbh.

### GILLEASBUIG:

My family had a big day in the summer. That was when Anna, my cousin, was going to get married. The service was to be held in St Clement's Church, in Rodel, on Harris. A beautiful, romantic wedding venue.

Understandably, Anna wanted everything to be absolutely perfect on the day. Her father saw this and said, "Don't you worry, my treasure, "You won't be killed if everything isn't perfect. "We all love you and the day will be absolutely fantastic."

At three o'clock in the afternoon - when she should have arrived in church - David, the man she was going to marry, was also feeling concerned. "Won't I be left looking a bit silly, " he said, "if I'm waiting here and she doesn't appear? " His best man replied, "Quiet! You won't look one bit more silly than usual!" What a supporter!

But everything went smoothly in the church, and the sun was cracking the rocks after the service - in time for the photographs.

## MA18: Latha na Bainnse

The Wedding Day

Presenter: Gilleasbuig MacFhearghais (Gilleasbuig Ferguson)



### GILLEASBUIG:

A-nis chaidh cuirm na bainnse a chumail ann am pàillean mòr air machair Losgaintir. Bha cuid de dhaoine nach robh idir a' dol a dhràibheadh às dèidh na cuirme, is bha iad ag iarraidh fiosrachadh fhaighinn bho fhear a' bhus cuin a bhiodh am bus ann nuair a bhiodh a' chuirme deiseil. Fhreagair an dràibhear, "Togar sibh uile ri taobh a' phàillein aig meadhan-oidhche."

Aig àm bìdh, bha ceist air cuid: am bu chòir dhaibh am biadh acasan ithe mus biodh greim mu choinneimh a h-uile duine eile? Thuirtear neach-frithealaidh, "'S àbhaist gun ithear am biadh cho luath 's a chuirear air a' bhòrd e, 'fhad 's a tha e fhathast teth.'" Bha am biadh sònraichte blasta. 'S bha a h-uile duine ann an deagh shunnd a' dannsa gun sgar -gus an tàinig deireadh na h-oidhche, ro luath.

Cha chanar guth ma deidhinn a-nis ach gun do chòrd a' bhanais glan rinn uile - gu h-àraid ri Anna is Daibhidh!

### Sùil air ais

Mar a thuigear  
Cha mharbhar idir thu  
Nach fhàgar mise a' coimhead caran gòrach  
Chan fhàgar thu aon phiuc nas gòraiche  
Togar sibh uile  
'S àbhaist gun ithear am biadh  
cho luath 's a chuirear air a' bhòrd e  
Cha chanar guth ma deidhinn a-nis

### GILLEASBUIG:

Now, the wedding reception was held in a large marquee on the machair at Luskentyre. There were some people who weren't going to be driving after the reception, and they wanted information from the bus driver on when the bus would be leaving after the reception was over. The driver replied, "You will all be collected beside the marquee at midnight."

At dinner time, some people had a question: should they start to eat their food before everyone else had been served? The waiter said, "The food is usually eaten as soon as it's on the table, "while it's still hot." The food was exceedingly tasty. And everyone was in a good mood dancing constantly - until the end of the evening came, too soon.

Nothing is said about it now except that we all enjoyed the wedding - especially Anna and David!

### Look back

Understandably (lit. as will be understood)  
You won't be killed  
Won't I be left looking a bit silly  
You won't be left one bit more silly  
You will all be collected  
The food is usually eaten  
as soon as it is put on the table  
Nothing is said about it now